

# ***Litir do Luchd-Ionnsachaidh***

**le Ruairidh MacIlleathain**

*A special programme, in the form of a “letter”, written and compiled by Roddy Maclean, and specifically aimed at Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Roddy can be contacted by e-mail at [rodgy.maclean@bbc.co.uk](mailto:rodgy.maclean@bbc.co.uk)\**

“A mhuinntir mo dhùthcha agus mo cho-shaighdeara!” dh’èigh an ceannard Albannach, Galgacus, air an arm aige nuair a bha iad a’ deanamh deiseil airson sabaid an aghaidh nan Ròmanach. Bha sin, a rèir aithris, anns a’ bhliadhna ceithir fichead ’s a ceithir (84) neo ceithir fichead ’s a còig (85) as dèidh Chrìosta aig àite air an robh “Mons Graupius” mar ainm.

Lean Galgacus air mar seo: “Nuair a tha mi a’ toirt fa-near an adhbhair gun do tharraing sinn ar claidhnean, agus am feum a th’ againn air buille tarbhach a bhualadh, mus cuir sinn a-rithist anns an truaille iad, tha mi a’ mothachadh dòchas aoibhneach ag èirigh suas nam inntinn, gum bi air an latha an-diugh, slighe air a fosgladh chum saorsa Bhreatainn a thoirt air ais...”

Uill, cha deach an latha cho math ’s a bha e an dòchas. ‘S dòcha gu robh Galgacus na b’ fheàrr air òraidean na bha e air sabaid! Lorg mi an òraid ann an seann leabhar Gàidhlig a chaidh fhoillseachadh ann an ochd ceud deug ’s a trì-deug (1813). Chaidh a sgrìobhadh le fear P. MacPhàrlain. Chan eil fhios a’ m cò bh’ ann neo dè a’ chiad ainm a bh’ air. Pàdraig ’s dòcha, neo Pòl? Co-dhiù, dìreach ron òraid fhèin, sgrìobh MacPhàrlain tiotal air a son: “Brosnachadh Ghalgacuis, ceann-feadhna nan Gaidheal, nuair a bha iad a’ dol a chur cath ri feachd na Ròimhe.”

Mmm. Ceann-feadhna nan Gaidheal? An robh Galgacus dha-rìreabh a’ bruidhinn Gàidhlig air an latha sin. Chanadh a’ chuid as motha de luchd-eachdraidh an-diugh nach robh. Bhiodh e na bu choltaiche gu robh e a’ bruidhinn Cruithnis, cànan nan Cruithneach. Ach càit’ an d’fhuair MacPhàrlain na faclan aig Galgacus, air an do chuir e fhèin Gàidhlig aig toiseach an naoidheamh linn deug?

’S e an fhreagairt – bho Chornelius Tacitus, fear de luchd-eachdraidh na Ròimhe, a bha na dhuine òg nuair a thachair Blàr Mhons Ghraupius. Sgrìobh Tacitus leabhar mun uachdaran Ròmanach, Agricola, a bha na riaghladair air Breatainn airson seachd bliadhna agus a bha os cionn arm nan Ròmanach aig Mons Graupius. Sgrìobh e ann an Laidinn, agus feumaidh gun do dh’eadar-theangaich MacPhàrlain don Ghàidhlig e.

’S e Tacitus a sgrìobh an earrann ainmeil mu dheidhinn nan Ròmanach a chluinnear gu math tric ann an diofar chànanan – “...ubi solitudinem faciunt, pacem appellant...” – nuair a nì iad fàsach, canaidh iad sìth ris. Chan eil fhios a’ m an robh Galgacus cho pongail sin agus, co-dhiù, cha do rinn na faclan aige diofar mòr sam bith air latha a’ bhatail. Bha arm na b’ fheàrr aig na Ròmanaich. Ged a bha carbadan aig na h-Albannaich, rinn marc-shluagh nan Ròmanach a’ chùis orra. Agus bha cabhlach mòr Ròmanach aig muir, a’ cumail biadh is bathar ris na saighdearan.

Chan eil fios le cinnt aig duine an-diugh càit' an robh Mons Graupius. Tha *mons* a' ciallachadh beinn neo monadh ann an Laidinn. Ach chan eil fios aig duine dè bha *Graupius* a' ciallachadh. Tha a' chuid as motha de sgoilearan dhen bheachd gur ann anns an ear-thuath a bha e, 's dòcha ann an Siorrachd Obair Dheathain neo Moireibh. Tha beachd ann cuideachd gu robh e ann an Inbhir Nis. 'S dòcha nach bi fios againn a-chaidh air a sin.

Dh'fhàg Tacitus dileab eile againn cuideachd. Tha e coltach nach do leugh fear-eachdraidh eile Mons Graupius gu ceart, agus sgrìobh e fhèin e mar "Mons Grampius". Agus 's ann às a sin a thàinig am facal *Grampian* ann am Beurla – fada mus robh guth air stèisean-telebhisein! Agus 's e sin is coireach nach eil facal Gàidhlig againn airson Grampian, ach Grampian fhèin.

\* \* \*

**Faclan na seachdainne:** truaille: *scabbard*; òraid: *lecture, speech*; sabaid: *fighting*; dha-rìreabh: *truly*; Cruithnis: *Pictish language*; Cruithneach: *Pict*; luchd-eachdraidh: *historians*; blàr, batail: *battle*; uachdaran: *leader, governor*; riaghladair: *governor, administrator*; Laideann: *Latin*; pongail: *precise, pointed, articulate*; carbadan: *chariots*; marc-shluagh: *cavalry (marc is an old Gaelic word for horse)*; Siorrachd Obair Dheathain: *Aberdeenshire*; Moireibh: *Moray*; dileab: *legacy*;

**Abairtean na seachdainne:** a mhuinntir mo dhùthcha agus mo cho-shaighdeara!: *my countrymen and companions in arms! (vocative)*; am feum a th' againn air buille tarbhach a bhualadh: *the need we have to strike a telling blow*; tha mi a' mothachadh dòchas aoibhneach ag èirigh suas nam inntinn: *I feel pleasant hope rising in my mind*; brosnachadh Ghalgacuis, ceann-feadhna nan Gaidheal, nuair a bha iad a' dol a chur cath ri feachd na Ròimhe: *the exhortation of Galgacus, the chief of the Gaels, when they were going to battle the army of Rome*; feumaidh gun do dh'eadar-theangaich X...: *X must have translated...*; nuair a nì iad fàsach, canaidh iad sìth ris: *when they make a wilderness, they call it peace (the famous statement on the Pax Romana)*; bha cabhlach mòr Ròmanach aig muir, a' cumail biadh is bathar ris na saighdearan: *there was a large Roman fleet at sea, supplying food and goods to the soldiers*; 's dòcha nach bi fios againn a-chaidh: *we will probably never know*; 's e sin is coireach nach eil facal Gàidhlig againn airson Grampian: *that is why we do not have a Gaelic word for Grampian*.

**Puing ghràmair na seachdainne:** gum bi, air an latha an-diugh, slighe air a fosgladh chum saorsa Bhreatainn a thoirt air ais: *that, today, there will be a way opened for Britain's freedom to be given back. The preposition air can be used in conjunction with a verbal noun to make a passive verb eg gum bi slighe air a fosgladh (that a way will be opened). Note that the "a" in front of the verbal noun is a possessive pronoun and that the correct one must be used, with the appropriate lenition of the verbal noun (slighe is a feminine singular noun). Here are some examples: bha mi air mo bhualadh (I was struck); bidh thu air do shàrachadh (you will be harassed); bha e air a chumail air ais (he was kept back); bha i air a cumail air ais (she was kept back); bha sinn air ar bualadh (we were struck); bha sibh air ur mealladh (you were deceived); bidh iad air am fosgladh (they will be opened).*

**Gnàths-cainnt na seachdainne:** nuair a tha mi a' toirt fa-near an adhbhair gun do tharraing sinn ar claidhnean: *when I consider the reason we drew our swords. A' toirt fa-near: considering, putting under consideration. Note that the stress on fa-near is on the second syllable.*

\* "Litir do Luchd-Ionnsachaidh" is funded by Comataidh Craolaidh Gàidhlig